

27 Iuchar 2021

**Freagairt air Measaidhean-buaidh Riaghaltas na h-Alba mu Ullachaidhean Air Ais dhan Sgoil airson Lùnastal 2021**

Anns an fharsaingeachd, tha sinn a' cur fàilte air na h-ìomraidhean sònraichte air Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a thathar a' toirt anns na trì sgrìobhainnean:

- Stiùireadh mu Dhol Air Ais dhan Sgoil
- Pròiseas CRWIA
- Measadh Buaidh CERG.

Mholamaid gun rachadh na puingeann a leanas a chur ris a' chomhairle chuideachail a thathar air toirt seachad mar-thà:

**1. Stiùireadh mu Dhol Air Ais dhan Sgoil**

- Fo Chòmhdhail (td5), bhiodh e feumail cur an cèill do dh'Ùghdarrasan Ionadail gu bheil ìre fada nas àirde de chloinn gan giùlan gu FtG an taca ri luchd na Beurla. Mar thoradh bu chòir do na h-Ùghdarrasan Ionadail dealbhadh a chruthachadh is a chur an gnìomh a dh'aon ghnòthach airson solar FtG, mar chuid den tac ro-innleachdail aca ri còmhdhail phoblach.
- Fo Phlanaichean Leasanan-ionnsachaidh air Astar, tha ceangal ga thoirt ri Tairgse NELO (td15). Chan eile e follaiseach a bheil taic ri foghlam Gàidhlig a' cleachdadh a' cheangail sin – tha raon farsaing de stuth-taice a' nochdadh airson solar Beurla is Albais ach chan eil toraidhean sam bith a' tighinn le bhith a' cleachdadh a' phutain-rannsachaidh airson Gàidhlig. Bhiodh e cudromach soilleireachadh mar a bhios Tairgse NELO a' cur taic ri FtG.
- Chomharraich suirbhìdh nàiseanta le pàrantan FtG a rinn Comann nam Pàrant Nàiseanta ann an 2020 ceistean air feadh na rìoghachd nach robh taic ri Ionnsachadh air Astar ann am FtG air an aon rèir eadar Ùghdarrasan Ionadail agus fiù an taobh a-staigh Ùghdarrasan Ionadail. Tha a' chuid as motha buileach den chloinn ann am FtG a' tighinn bho dhachaighean far nach e Gàidhlig prìomh chànan na dachaigh agus tha Ionnsachadh air Astar gu sònraichte doirbh don chuid as motha de theaghlach ann am FtG. Mholamaid gun tèid gealladh sònraichte a thoirt a dhearbhadh gun cuirear mothachadh is comharrachadh air taic ri teaghlach ann am FtG ri liosta nam molaidhean do na h-Ùghdarrasan Ionadail.

## 2. Measadh Buaidh CERG

- Tha sinn a' cur fàilte air na beachdan cuideachail mu Fhoghlam-bogaidh (td15). Mholamaid, ge-tà, gun tèid beachd a bharrachd a chur a-steach a chuireas air chomas do dh'oifigearan ùghdarrasan ionadail beachd a ghabhail air na ceuman a bharrachd a dh'fhaodadh iad cur an sàs gus buaidh a' ghalair air FtG a mhaothachadh. Ba chòir gun sealladh seo air lìbhrigeadh sgrìobhainn Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig agus na dh'fhaodadh Ùghdarrasan Ionadail toirt seachad ri linn agus an dèidh ghnìomhan sònraichte a bhuineas ris a' ghalair. Dh'fhaodadh e bhith feumail seòladh coitcheann Sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig a thoirt mar àite sam faighear taic is comhairle phroifeasanta:

[foghlam@gaidhlig.scot](mailto:foghlam@gaidhlig.scot)

- Tha am fios mu aois luchd-teagaisg FtG (td20) gu math cuideachail. Dh'fhaodte beachd a bharrachd a thoirt ri linn gainnead luchd-teagaisg FtG anns an fharsaingeachd, nam biodh briseadh air lìbhrigeadh ann, gu sònraichte aig ìre làn-bhogaidh, gum bu chòir do dh'Ùghdarrasan Ionadail beachd a ghabhail air ullachaidhean sam bith a bharrachd a dh'fhaodadh iad dealbhadh gus taic a chur ri clann is teaghlaichean ann am FtG. A-rithist, faodar taic is comhairle phroifeasanta fhaighinn bho Sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig (seòladh post-dealain gu h-àrd).
- Thathar a' cur fàilte mhòr air na beachdan air Comann nam Pàrant Nàiseanta agus dèanamh cinnteach gun cumar fios slàn ri pàrantan mu phoileasaidh. Dh'fhaodte rud beag a bharrachd a chur ris agus cur an cèill a-rithist gum faod Ùghdarrasan Ionadail taic is comhairle phroifeasanta fhaighinn bho Sgioba an Fhoghlaim aig a' Bhòrd mu leasachaidhean air poileasaidh (agus an dèidh sin obrachadh le Comann nam Pàrant Nàiseanta gus fios a sgaoileadh gu teaghlaichean ann am FtG).

Ma tha barrachd fiosrachaidh no soilleireachaidh a dhìth oirbh, nach cuir thu fios thugainn. Anns a' chiad dol a-mach bu chòir seo a chur gu Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Shona NicIllinnein

[shona@gaidhlig.scot](mailto:shona@gaidhlig.scot)



Bòrd na Gàidhlig,  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,  
Great Glen House, Leachkin Road,  
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454  
oifis@gaidhlig.scot  
www.gaidhlig.scot



27<sup>th</sup> July 2021

## **Response to the Scottish Government Impact Assessments on Back to School Arrangements for August 2021**

Overall, we welcome the specific references to Gaelic-medium Education (GME) made across the three documents:

- Back to School guidance
- CRWIA Process
- CERG Impact Assessment.

We would recommend the following points be included to augment the helpful advice already provided:

### **3. Back to School Guidance.**

- Under Transport (p5), it would be useful to note for Local Authorities, that a much higher percentage of children are transported to GME provision in comparison with English-medium. Consequently, Local Authorities should devise and implement planning specifically for GME provision, as part of their strategic support for school transport.
- Under Remote Learning Lesson Plans, a link is provided to the NELO Offer (p15). It is unclear where support for Gaelic-medium is using the same link – a wide range of support material appears for English and Scots delivery but using the search button for Gaelic and/or Gàidhlig does not produce any results. It would be important to clarify how the NELO Offer supports GME.
- A national survey of GME parents conducted by Comann nam Pàrant Nàiseanta in 2020 identified concerns across the country that GME Remote Learning support was inconsistent between Local Authorities and even within Local Authorities. The overwhelming majority of children in GME come from homes where Gaelic is not the main home language so Remote Learning is particularly challenging for most families in GME. We would recommend a specific comment is made regarding ensuring that awareness and identification of supports for GME families is included in the list of recommendations for Local Authorities.

### **4. CERG Impact Assessment.**

- We welcome the helpful comments relating to Immersion Learning (p15). We would recommend that an additional comment is included which enables Local Authority officers to reflect on what additional measures they might deploy to mitigate some of the impact of the pandemic on GME. This should focus on delivering the Advice on Gaelic Education document and what Local Authorities might provide during and after particular actions relating to the pandemic. It could be useful to provide the Bòrd na Gàidhlig Education Team generic address as a possible source of



Bòrd na Gàidhlig,  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,  
Great Glen House, Leachkin Road,  
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454  
oifis@gaidhlig.scot  
www.gaidhlig.scot



professional support and advice:

[foghlam@gaidhlig.scot](mailto:foghlam@gaidhlig.scot)

- The note regarding the age profile of GME teachers (p20) is very helpful. An additional comment might be that given the overall shortage of GME teachers, should there be disruption in delivery, particularly during the full immersion phase, Local Authorities should reflect on any additional arrangements they might plan to support children and families in GME. Again, additional professional support and advice can be obtained from the Bòrd na Gàidhlig Education Team (email address above).
- The comments regarding Comann nam Pàrant Nàiseanta and ensuring parents are fully informed re policy are very welcome. A minor addition could be to once again note that Local Authorities can obtain professional advice and support from the Bòrd Education Team regarding policy development (following which they would then work with Comann nam Pàrant Nàiseanta to disseminate information to families in GME).

Should you require any further information or clarification please do not hesitate to get in touch. In the first instance this should be to the Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig, Shona MacLennan.

[shona@gaidhlig.scot](mailto:shona@gaidhlig.scot)



Bòrd na Gàidhlig,  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,  
Great Glen House, Leachkin Road,  
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454  
oifis@gaidhlig.scot  
www.gaidhlig.scot





Bòrd na Gàidhlig,  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,  
Great Glen House, Leachkin Road,  
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454  
oifis@gaidhlig.scot  
www.gaidhlig.scot

